



A Chàirdean

Bu mhath leam beachd no dhà a thoirt dhuibh a thaobh Gàidhlig a leasachadh.

'S e tidsear Gàidhlig a th' annam. Bidh mi a' siubhal bho àite gu àite a' teagasg chlasaichean inbheach ann an Glaschu agus àitichean eile taobh a-muigh a' bhaile-mhòir. 'S e clasaichean dà uair a thìde a th' anns a' chuid as motha dhiubh.

Rud a tha mi a' faicinn gu math tric a chuireas dragh orm; clasaichean air an cumail ann an sgìre far a bheil mòran daoine a' fuireach ach le glè bheag de dh'oileanaich ann. 'S e an t-aobhar airson seo, nach eil fiosrachadh a' dol a-mach dhan mhòr-shluagh. Mar as trice, chan fhaic thu sanas anns na pàipearan-ionadail. Mura h-eil na Comhairlean deònach fios a thoirt do mhuinntir an àite; chan eil iad àiridh air taic-airgid bho Phàrlamaid na h-Alba.

Tha fios agam glè mhath gur e cùrsaichean-bogaidh an dòigh as fheàrr airson luchd-ionnsachaidh a thoirt gu ìre fileanta. Ach ma bhios tu trang le obair agus tha clann agad, cha urrainn dhut cùrsa-bogaidh a dhèanamh. Mar sin bidh mòran daoine a' dol gu clas dà uair a thìde gach seachdain. Seo an rathad fada, slaodach a thaobh Gàidhlig a thogail - ach 's e seo an aon rathad airson daoine a tha trang. Ma bhios iad ag obair eadar na clasaichean bidh iad a' dèanamh adhartas - beag air bheag. Mar sin, tha na clasaichean seo glè chudromach.

Ma tha fios agaibh fhèin, chan eil luchd-teagaisg gu leòr ann. Bidh a'chuid as motha den fheadhainn a tha a' teagasg clasaichean inbheach, a' dèanamh obair làn thìde eile no air an dreuchdan a' leigeil dhiubh. Cha bhì iad ag iarraidh mòran chlasaichean a theagasg gach seachdain. Bidh mise a' teagasg chlasaichean Gàidhlig fad na seachdain. Chan eil mi eòlach air duine sam bith eile a tha a' dèanamh beòshlaint mar seo. Tha fios agam glè mhath carson; tha e doirbh beòshlaint a dhèanamh anns an dòigh seo. Bidh thu a' call airgead agus tìde a' siubhal bho àite gu àite. Cuideachd bho mhios gu mìos cha bhì thu cinnteach de 'n t-airgead a tha a' tighinn a-staigh. Cha bhì na clasaichean seo a' ruith fad na bliadhna. Tha mi eòlach air triùir a bha ag obair mar a tha mi fhèin ach stad iad uile. Dh'fhàs iad sgìth den ghnòthach. Tha fear ag obair mar phost a-nis, fear eile aig Cal-Mac agus an treas fear a' teagasg na Beurla ann an colaisde. 'S e call a th' ann. Bu chòir taic-airgid a bhith ann airson cuideachadh a thoirt do luchd-teagaisg mar mi fhèin le siubhal, an dà chuid a thaobh tìde agus cosgaisean.

Tha an obair agam a' còrdadh rium ach nan robh clann agam, cha b' urrainn dhomh seo a dhèanamh. Aig deireadh an latha, tha an turasdal ro bheag.

Leis na molaidhean seo, bhiodh e comasach piseach a thoirt air na h-àireamhan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus gainnead luchd-teagaisg.

Is mise, le meas

*Coinneach MacMhànaich*

Coinneach MacMhànaich